

Bòrd MG ALBA

Oifisean MG ALBA, Steòrnabhagh

Diardaoin 21 Sultain 2017, 1000-1430

Dreachd geàrr-chunntas

Bòrd:	Magaidh Choineagan (<i>sa Chathair</i>)	Calum MacFhearghais
	Iain Stephen Moireasdan	Dùghall MacAmhlaigh
	Donaidh MacAmhlaidh	Catriona Nic a' Phì
	Jo NicDhòmhnaill	Màiri Kidd

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul (*Àrd-Oifigear*)
Niall M. Greumach (*Stiùiriche Ionmhais*)
Iseabail Nic an t-Sagairt (*Stiùiriche Leasachaидh & Co-bhanntachdan*)
Chris Dòmhnallach (*Stiùiriche Obrachaidh*)

An làthair: Mairead Màiri Mhoireach (*Ceannard Seirbheis*) airson puingean 7-8

Chaidh cuimhneachadh a dhèanamh air Seonaidh Ailig Mac a' Phearsain nach maireann, a bha mar Leas-Stiùiriche Comataidh Craolaidh Gàidhlig agus Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig eadar 1997 agus 2006. Thathas gu mòr na chomain airson an dileab a dh'fhàg e aig a' bhuidheann, do chraoladh Gàidhlig agus dhan Ghàidhlig agus bhathas a' cuimhneachadh air a bhantrach Helen aig an àm dhuilich seo.

Le bàs Thormoid MhicIlleathainn, tha sinn air laoch a chall a thug ceòl is gàire a-steach do dhachaighean is choimhearsnachdan na h-Alba. Chuir e telebhisean na Gàidhlig air a casan le **Tormod air Telly** far an robh e ri seinn, ri actadh agus ri sgrìobhadh, agus lean e chun an deiridh a' cur ri ar prògraman rèidio is telebhisein.

Thèid sgrìobhadh gu teaghach an dithis a' cur an cèill co-fhaireachdainn nam ball agus an luchd-obrach. (Gníomh: MAMI)

1. Leisgeulan

Daibhidh Brew.

2. Gnothach Dearbhte

Mhìnich Catriona Nic a' Phì gum biodh i ag obair airson Caledonia TV air prògram Fraoch (maoinichte le MG ALBA), agus gun robh cead a' Chathraiche air a dhearbhadh mar a tha am poileasaidh a thaobh a bhith a' gabhail pàirt pàighe ann am prògraman maoinichte le MG ALBA ag iarraidh.

Airson fios

- Mhìnich Jo NicDhòmhnaill gum biodh i ag obair air sgriobtaichean a' phrògram chloinne, Raven, airson BBC Gàidhlig (maoinichte leis a' BhBC) agus gum biodh i sa chathair air cuairtean ro-fharpaiseach a' Mhòid Nàiseanta airson Radio nan Gàidheal (maoinichte leis a' BhBC).
- Bidh Magaidh Choineagan sa chathair air co-fharpais Sgiath Mhic Shimidh agus Thualaich Bhàrdainn aig a' Mhòid Nàiseanta airson Radio nan Gàidheal (maoinichte leis a' BhBC).

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 2/6/17

Aontaichte.

4. Gnothaichean ag èirigh

Chaidh iad seo a chomharrachadh.

5a. Aithris bhon Chathraiche

Chaidh innse gun deach buidheann-obrach a stèidheachadh, fo stiùir a' Chathraiche, le riochmairean bho MG ALBA agus bhon BhBC, ag amas air:

- a. Poileasaidh mion-chànanach a' BhBC a chur air adhart, an toiseach le ball neo-eisimeileach a' BhBC;
- b. Obair air èifeachdas chosgaisean ri leantainn;
- c. Barrachd soilleireachd air na prògraman a bhathas an dùil fhaicinn san "Charter bid"
- d. Coimhead air èifeachdas chosgaisean eadar an t-seanail ùr agus BBC ALBA.

Bidh an ath choinneamh ann air 2/10/17.

Dh'innis an Cathraiche gun do choinnich i le Ian Blackford BP san Eilean Sgitheanach air 18/8/17, agus thèid coinneachadh ris a-rithist agus le Brendan O' Hara BP ann an Lunnainn air 26/10/17.

Coinnichidh an Cathraiche Sir David Clementi, Cathraiche Bòrd a' BhBC air 26/10/17 agus bidh Lord Duncan a' tadhail air oifis Steòrnabhaigh air 29/9/17.

Chaidh coinneamh le Leas-Phriomh Mhiniestear na h-Alba a chuir dheth ach thèid oidhirp a dhèanamh ceann-là eile fhaighinn. (Gníomh: DC)

5b. Aithris bho Chathraiche Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh

Thug Donaidh MacAmhlaidh seachad iomradh air coinneamh na Comataidh air 24/8/17.

5c. Aithris bho Chathraiche Chomataidh Inbhean (27/4/17)

Thug Cathraiche na Comataidh seachad iomradh air coinneamh na Comataidh air 27/4/17.

6 Aithisg an Àrd-Oifigeir

Bha aithisg air beulaibh bhall agus chaidh còmhradh a chumail. Bha buill riaraichte agus chaidh taing a thoirt dhan Àrd-Oifigear agus an Sgioba Àrd-stiùiridh airson an cuid obrach.

Chaidh innse gun do choinnich an t-Àrd-oifigear ri Steve Morrison, ball Albannach Bòrd a' BhBC air 6/9/17 agus gun robh miann mòr aige tadhail air MG ALBA agus Radio nan Gàidheal ann an Steòrnabhagh agus coinneachadh ris a' Bhùird. (Gníomh: DC)

Chaidh a chomharrachadh gur e an dùblan as mothu mu choinneamh na buidhne mar a tha àireamh luchd-coimhid BBC ALBA a' tuiteam. Ged a tha dùil ri ìsleachadh gach samhradh, tha ruigse seachdaineil na bliadhna an lùib coimhleachadh na Gaidhlig cho ìosal 's a bha e a-riamh, a dh'aindeoin 's gu bheil ìre mothachaidh na seanail gu nàiseanta agus ìre toileachais nan Gàidheil aig ìrean cho àrd 's a bha a-riamh. Thathas an dùil gun toir clàr phrògraman ùr an Fhoghair deagh bhuaidh air àireamhan na seanail agus tha sgioba phrògraman agus nam

meadhanan sòisealta ag obair gu dìcheallach agus gu ro-innleachdach air stuthan ùra gu h-àraig airson luchd-cleachdaidh aois 16-45.

Thèid coinneachadh air 25/9/17 ris a' bhuidheann a stèidhich Riaghaltas na RA gus lèirmheas a dhèanamh air S4C.

Chaidh iomradh a dhèanamh air am fàs a bhathas a' faicinn ann an àireamh agus luach ionmhasail chùmhnantan iomadh-phàirteachd (co-coimiseanadh, co-obrachadh agus co-maoineachadh). Chaidh fàilte a chuir air an seo agus aithneachadh a dhèanamh gur robh barrachd taic laghail is ghnothaichean-gníomhachais (business affairs) riatanach airson chompanaidhean riochdachaidh, agus thèid bruidhinn ri lomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean, Alba Chruthachail msaa gus dèanamh cinnteach gu bheil companaidhean riochdachaidh uidheamaichte airson brath a ghabhail airson nan cothroman ùra iomadh-phàirteach. Dh'fhaodadh fastadh an Oifigear Leasachaидh ùr airson na h-Eileanan Siar agus an t-Eilean Sgitheanach buaidh a thoirt air an t-suidheachadh.

Chaidh aontachadh cho cudromach 's a bha e gu robhas ag innse sgeòil na co-coimiseanan seo agus chaidh innse gu robhas an dùil am fiosrachadh seo a chuir dha Aithisg Bhliadhnaidh na h-ath-bhliadhna agus a sgaoileadh gach ràithe air stiùirichean agus air buill. (Gníomh: NMG)

7 Ro-shealladh ro-innleachdail air prògraman

Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh mu cho-dhùnaidhean mu phrògraman, gus tuigse fhaighinn air ère coileantachd ro-innleachd luchd-coimhid na seanail, agus aig a' cheart àm, mar a bhathas a' coileanadh amasan Lèirsinn 2021, gu sònraichte Amas 1 (seirbheis nas coileanta do dhaoine le Gàidhlig) agus Amas 2 (buaidh nàiseanta).

Bha fiosrachadh air beulaibh bhall le iomradh air fios mu fhianais mu sheanailean eile; gearr iomradh air co-dhùnaidhean agus ro-innleachd BBC ALBA; clàr nam prògram agus prionnsabalan co-coimiseanaidh.

Chaidh coinneachadh ri Ewen Angus, Ceannard Coimiseanaidh BBC Scotland, is tha dùil gun lean na coinneamhan sin nuair a ghabhas Steve Carson an dreuchd seo os làimh. Chaidh bruidhinn air prionnsabalan co-obrachaidh eadar an dà sheanail.

Chaidh a chomharrachadh gur e cairteal air leth trang a bh' ann agus gu bheil an liosta de na prògraman a' sealltainn toradh na h-obrach sin. Chaidh cuideachadh a chomharrachadh gu robh iomairt na meadhanan sòisealta air greimeachadh leis an luchd-amhairc.

Chaidh fàilte a chuir air prògraman ùra fhaicinn sa chlàr. Dh'iarr buill gum biodh barrachd tuigse aca air a' frèam-obrach a tha oifigearan a' cleachdadhbh gus co-dhùnaidhean a ruighinn mu chàileachd phrògraman agus chaidh aontachadh gum bhiodh measadh phroifeasanta air càileachd phrògraman aig gach coinneamh bùird (Gníomh: IM)

Chaidh innse gu bheileas ann an còmhraidhean le CBBC agus CBeebies a thaobh clann òga. Thig fiosrachadh air beulaibh a' bhùird mun adhartas aig an ath choinneamh. (Gníomh: IM)

Chaidh innse gu bheil conaltradhbh ro-innleachdail a' dol eadar an solarachadh spòrs agus Radio nan Gàidheal gus an tuilleadh co-obrachadh a dhèanamh. Tha sgioba nam meadhanan sòisealta cuideachadh ag obair le co-obraichean aig RnaG.

Chaidh iomradh a thoirt air iomairtean aig ire ionadail, nàiseanta agus eadar-nàiseanta a bha a' dol le diofar bhuidhnean gus 100 bliadhna bho sgrios an Iolaire a chomharrachadh.

Chaidh a' bheàrn sa chlàr airson prògraman cùisean làitheil a chomharrachadh agus chaidh innse gu bheileas ann an còmhraidhean leis a' BhBC gus cothroman a dheasbad. Thèid fiosrachadh a chumail ris a' Bhòrd a thaobh adhartais. (Gníomh: IMT)

Mhol am Bòrd barrachd cuideam a chur air oidhirpean innleachdail (tactics) seach air ro-innleachd, agus chaidh moladh gun deidheadh na 10 pròiseactan as cudromaiche aontachadh agus conaltradhbh a thòiseachadh le Donald NicFhionghuin agus an sgioba gus fuasglaidhean fhaighinn air ciamar a ghabhas an co-lionadh (Gníomh: IMT)

Chaidh aontachadh gu faigheadh buill figearan air na rudan as soirbheachail agus na rudan anns an robh am briseadh dùil as mothach a ghabhas an co-lionadh. (Gníomh: IM)

8 Ro-innleachd didseatach

Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail. San t-Ògmhios, chaidh innse gu robhas an dùil Ro-innleachd Didseatach a chuir an sàs, le fuasglaidhean a thaobh susbaint agus margaidheachd. Chaidh iomradh a thoirt air gnìomhan agus toraidhean na h-obrach seo, nam measg iomairtean co-cheangailte ri comadaidh, rannsachadh air an luchd-coimhid fo aois 45 agus duilleag ùr Facebook BBC ALBA.

Chaidh iomairt obair an Aonaid Dhidseataich bhon uair sin a chomharrachadh. Le mothachadh nach eil an iomairt seo ach air ùr thòiseachadh, agus ag ionnsachadh a h-uile là, chaidh moladh a thoirt don sgioba ùr, òg seo. Thèid an tuilleadh fiosrachaидh a thoirt seachad aig an ath choinneamh, ach tha adhartas math air a bhith ann, a' feuchainn ri Gàidhlig a dhèanamh àbhaisteach. (Gníomh: IM)

Chaidh taing a thoirt don sgioba airson an cuid obrach.

9 Ceannachd chòraichean

Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail mu mholaidhean airson crèiteachadh air ceannachd chòraichean nuair a bhiodh companaidhean riochdachadh, aig an robh còraichean phrògraman a' dol à bith. Chaidh aontachadh mar phoileasaidh:

- *gun robh e iomchaidh a bhith a' dèanamh tairgse eadar £ [fios glèidhete: gu £ fios glèidhete]: san uair airson gach prògram a bha luachmhor don t-seanail airson ath-chraoladh agus suim ainmneach a thabhnann mus e luach eachdraidheil no cultarail a-mhàin a bha anns a' phrògram.*

10 Plana Conaltraidh

Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad air na h-iomairtean conaltraidh eadar seo agus an Nollaig a chumail. Chaidh aontachadh ris a' phlana ach chaidh iarraidh gun tigeadh measadh le slatan-tomhais air ìre coileanaidh air beulaibh buill aig gach coinneamh bùird. (Gníomh: DC)

Chaidh moladh gum biodh fiosrachadh bunaiteach aig buill m.e. cosgais gach uair (cost per user hour) agus dè tha am BBC a' cosg air Gàidhlig gu h-iomlan a bharrachd air na tha iad a' cosg air BBC ALBA. (Gníomh: DC)

11 Co-bhanntachd BBC ALBA

Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.

Chaidh aontachadh gu robh feum air trì rudan tachairt: 1) tuilleadh phrògraman fhaighinn airson na seanail; 2) obair a dheanamh air Aonta na Co-bhanntachd agus 3) Poileasaidh Mion-chàin a' BhBC a shoillearachadh.

Chaidh aontachadh gun robh còmhraidean leis a' BhBC bunaiteach aig a h-uile ìre agus gu feumar gach cothrom a ghabhail. Bha beachd làidir am measg nam ball gum biodh seo nas soirbheachail na ùine a chuir seachad air deasbad laghail mu bhunait na co-bhanntachd. Bu chòir aontachadh air 10 pròiseactan a bha cudromach gus an t-seirbheis a leasachadh. Chaidh aontachadh fiosrachadh mu adhartas a chumail ris a' Bhòrd agus ath-shealladh a thoirt air a' chùis an ceann sia mìosan. (Gníomh: MC/DC/IM)

12 Sgrùdadh Chosgaisean

Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.

Bha dùil ann gur e buidseatan trì bliadhna a bhiodh Riaghaltas na h-Alba a' foillseachadh san Dùblachd, ach ri linn na h-uiread de mhì-chinnt a tha Brexit ag adhbharachadh chan eil cinnt ann mu dheidhinn sin. Leanaidh còmhraidean le Riaghaltas na h-Alba, faic an glèidh MG ALBA buidseat de £12.8m airson 2018-19, agus am faighear cinnt airson 2019-20 agus 2020-21. Chaidh taing a thoirt don Stiùiriche Ionmhais airson a chuid obrach.

13 Comataidh Ainmeachaидh

Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail. Tha fastadh gu ballrachd MG ALBA air a chumail le Ofcom agus thathas airson dèanamh cinnteach gu bheil am fastadh sin èifeachdach ann a bhith a' misneachadh thagraidhean aig am bheil sgil, eòlas is comas cuir airson dreuchdan bàna. Thèid comataidh ainmeachaидh a stèidheachadh fo stiùir a' Chathraiche le Cathraiche Chomataidh Inbhean is Cathraiche Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhaidh nam buill.

Thèid moladh do dh'Ofcom gum bi ball eile bhon Bhòrd air a' Phannal Taghaidh còmhla ris a' Chathraiche. (Gníomh: MC)

14 Measadh Chunnartan

Aig coinneamh de Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidd air 9/2/17 chaidh aontachadh gun toireadh an Sgioba Àrd-stiùiridh, fa leth, iomradh air na cunnartan roinne aca. Rinn an Stiùiriche Obrachaidd taisbeanadh air na cunnartan roinne aig a' choinneamh air 24/8/17.

Ri inn an sgrùdadadh in-thaigh a tha a' gabhail àite an-dràsta a tha a' coimhead ri modhan-obrach manaidseadh chunnartan na buidhne, cha tèid clàr nan cunnartan atharrachadh gus an tig molaidhean an sgrùdaidh an cuir an sàs sna seachdainean a tha romhainn.

Chaidh iomradh a thoirt air cuid de na cunnartan agus bha buill a' dèanamh fiughair ris a' chlàr ùr fhaicinn, le dòchas gum bi nas lugh a de chunnartan a' tighinn airson aire nam ball.

15 Fèin mheasadh a' Bhùird

Dh'innis an Cathraiche gu robh comhraidhean fhathast gan cumail le buill agus gun tig molaidhean chun a' Bhùird aig an ath choinneamh. (Gníomh: MC)

16 Cùmhnantan airson aonta a' bhùird

A rèir riaghailtean ionmhasail MG ALBA, feumaidh cosgais air prògraman nas àirde na £500k gu h-iomlan no nas àirde na £100k san uair, aonta a' Bhùird.

Bha pàipear air beulaibh bhall a' sireadh aonta a' Bhùird airson prògram Ceilidh na Bliadhna' Ùire 2017, 1 x 120, aig cosgais £ [fios glèidh] te], le BBC Gàidhlig. Chaidh prògram na bliadhna' ùire a-mach gu tagradh sa Ghiblean 2017 agus 's e BBC Gàidhlig a bha soirbheachail. Tha cosgaisean Ceilidh na Bliadhna' Ùire gu mòr a' crochadh air suidheachadh, le prògraman air a' Ghaidhealtachd a' cosg mòran a bharrachd na prògraman sa Chrios-mheadhanach (Central Belt). Chaidh seo aontachadh.

17 Aithisgean air dèanadas – Q1 2017/18

Chaidh na h-aithisgean a chomharrachadh.

18 GISBE

Chaidh taing agus meal-a-naidheachd a chuir air an sgioba a chuir air chois sgrìneadh oidhche 20/9/17 de DIY le Donnie – An Dùbhlann. Bha deagh oidhche aig na bha an làthair agus am prògram a' còrdadh ri mòran.

19 Deit agus ionad na h-ath choinneimh: 23/11/17, Glaschu

Ainm sgrìobhete a' Chathraiche:

Deit: